

**Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air Dihaoine 30 Sultain 2016 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.00f**

<b>BUILL:</b>	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Sine Ghilleasbuig Sandy Jones (air fòn) Aonghas MacAonghais	Aonghas L. MacLeòid Faye NicLeòid Boyd Robasdan Cairistiona Walker
<b>AN LÀTHAIR:</b>	Scott Anderson (HMle, bho 1.00 gu 1.50f) Iain Gòrdan Iain Tormod MacLeòid	Cairistiona NicCoinnich Nicola NicThòmais Donnie Rothach
<b>LEISGEULAN:</b>	Catriona Dunn Art MacCarraig	Alasdair MacLeòid Iain Moireasdan Máire Ni Annrachain

**PUING****GNÌOMH****1 FÀILTE**

- 1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, gu h-àraid Aonghas MacAonghais agus Aonghas MacLeòid a bha a' frithealadh an ciad choinneimh mar bhall.

Chuireadh meal-a-naidheachd air Iain Tormod, air an deach urram 'Lifetime Achievement' a bhuileachadh aig Duaisean Foghlaim Àrd Ìre an Herald.

Chaidh iarraidh rionnag a chur ri puing 5.2.

**2 GEÀRR-CHUNNTASAN**

- 2.1 **CU16-0 (01/07/16):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.
- 2.2 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (07/09/2016):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.3 **Gnothaichean ag Èirigh:**

3.1 Ball Ùr: Chaidh bruidhinn ri Comann nan Oileanach agus chaidh aontachadh taic agus trèanadh a thoirt don dithis cheannard gu bhith an sàs ann an coinneamhan.

**3 ÙIDHEAN**

Nochd Boyd agus Iain gun robh iad nan stiùirichean de Chànan, agus Donnie gun robh e na stiùiriche de Chànan Alba (puing 9.2).

**4 TAISBEANADH**

Thug Scott Anderson bho Foghlam na h-Alba seachad taisbeanadh air an

sgrùdadh bhliadhnail a chaidh a dhèanamh sa Ghiblean. Thugadh fa-near gur e aithisg fìor mhath a bh' ann agus gun robh soirbheachas nan oileanach aig ceud às a' cheud. Bha cothrom aig na buill ceistean a chur agus puingean a thogail. Chaidh luchd-obrach na Colaiste am moladh agus thug Iain Tormod iomradh air adhartas a chaidh a dhèanamh on chaidh an aithisg a sgrìobhadh. Thèid an ath sgrùdadh a chumail sa Chèitean 2017 agus thug Scott iomradh air na cuspairean air am bi Foghlam na h-Alba a' toirt sùil. Bidh atharrachadh ann a thaobh mar a thèid an sgrùdadh a dhèanamh; bidh barrachd uallach air a' Cholaiste fianais a thoirt gu bheilear a' coilladh an dleastanasan agus bidh amasan an Aonta Thoraidhean le Comhairle Maoinachaidh rin gabhail a-steach. Thugadh taing do Scott airson an taisbeanadh.

## 5 BALLRACHD

5.1 **Còd Riaghlaidh:** Thug fa-near molaidhean a thaobh an Còd Riaghlaidh ùr aig Colaistean na h-Alba agus chaidh aontachadh an cur an gnìomh.

5.2 **Sgilean a' Bhùird:** Thugadh fa-near fios mu sgilean buill a' Bhùird. Thèid a chleachdadh san àm ri teachd nuair a thathas a' sireadh bhall ùra.

Chaidh aontachadh gum biodh Aonghas L. MacLeòid agus Aonghas MacAonghais nam buill de Chomataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd agus gun gluais Aonghas S. MacLeòid, le dheòin, chun a' Chomataidh Sgrùdaidh.

5.3 **Fèin-luachadh:** Chaidh aontachadh seisean air fèin-luachadh a dhèanamh aig an ath choinneimh, agus neach fhadhadh airson seo a dhèanamh.

NNT

5.4 **Rùnaire a' Bhùird:** Thugadh fa-near gun robh Còd Riaghlaidh nan Colaistean a' moladh nach bu chòir Rùnaire a' Bhùird a bhith nam manaidsear no stiùiriche agus chaidh aontachadh dreuchd ùr a shanas.

NNT

## 6 AITHISG A' PHRIONNSAPAIL

6.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

## 7 GNETHAICHEAN CORPORA

7.1 **Clàr-chunnartan:** Thugadh fa-near an clàr-chunnartan. Chaidh dà chunnart ùr air a chur ris; a thaobh sgrùdadh ERDF air pròiseact na Cille Bige, agus a thaobh buaidh Brexit. Chaidh obrachadh tro na puingean dearg.

7.2 **Lèirmheas Ro-innleachd:** Thugadh fa-near an lèirmheas air Ro-innleachd 2012-17. Chaidh seisean a chumail sa mhadainn a thaobh an ro-innleachd ùr.

7.3 **Suirbhidh Luchd-obrach:** Thugadh fa-near geàrr-iomradh air suirbhidh luchd-obrach na bliadhna.

7.4 **A' Chill Bheag:** Thug Donnie agus Boyd iomradh air adhartas a thaobh taigheadais; chaidh cùmhnant a thoirt don chompanaidh James MacQueen a chiad dà thaigh a thogail agus tòisichidh obair san t-Samhain.

Bidh am Buidheann Taigheadais a' coinneachadh a dh' aithghearr gus ro-innleachd a thaobh cànanain a dhealbhadh.

7.5 **OGE:** Thug Aideen iomradh air coinneamh a chaidh a chumail eadar John Swinney agus Buidheann-obrach Ro-innleachd an Oilthighe agus riochdairean na Cùirteach air 23 Sultain. Tha na Prionnsapalan air a bhith coinneachadh gu cunbhalach cuideachd.

7.6 **Aithisg Saorsa Fiosrachaidh:** Thugadh fa-near aithisg air iarrtasan a tha a' Cholaiste air fhaighinn am-bliadhna fo Shaorsa Fiosrachaidh.

7.7 **Clàr-choinneamhan 2016-2017:** Chaidh aontachadh leis na molaidhean airson clàr-choinneamhan 2016-17. Thèid fios a sgaoileadh do na buill as dèidh na coinneimh.

CNC

## 8 FOGHLAM AGUS RANNSACHADH

8.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

## 9 IONMHAS AGUS RIANACHD

9.1 **Cunntasan 2016-17:** Thugadh fa-near nan cunntasan; cha deach an sgrùdadh fhathast. Chaidh aontachadh Maoin Sònraichte a stèidheachadh airson Càradh is Leasachadh.

9.2 **Cànan – Ballrachd a' Bhùird:** Tha còir dithis de bhuill a' Bhùird a bhith air Bòrd Stiùiridh Chànain; chan eil ann ach aon an-dràsta. Dh' aontaich Faye a bhith na ball agus chaidh aontachadh iarraidh air Art a thighinn air cuideachd.

9.3 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta:** Thugadh fa-near iomradh bho Boyd air cùisean a thaobh barganachadh pàigheadh nàiseanta. Tha còmhraidhean fhathast a' dol eadar na h-aonaidhean, an Riaghaltas agus Colaistean na h-Alba.

9.4 **Poileasaidh PREVENT:** Chaidh aontachadh gabhail ris a' phoileasaidh a chuireadh air beulaibh a' Bhùird.

9.5 **Poileasaidh Pàrantachadh Chorpóra:** Chaidh aontachadh gabhail ri poileasaidh a chuireadh air beulaibh a' Bhùird.

9.6 **Poileasaidh Dìon Data:** Chaidh aontachadh gabhail ri poileasaidh a chuireadh air beulaibh a' Bhùird.

9.7 **Aithisg Fèin-luachadh a' Chomataidh Sgrùdaidh:** Thugadh fa-near an aithisg.

## 10 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

10.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche

Leasachaidh.

**11 GNOTHAICHEAN IOMCHAIDH SAM BITH EILE**

Cha robh dad ri thogail.

**12 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**

- 12.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 9 Dùbhlachd ann an Inbhir Nis, le seisean fèin-luachaidh sa mhadainn.

*Sgaoil a' choinneamh aig 4.00f*